

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.maclean@bbc.co.uk. This is Litir 436. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 132 corresponds to Litir 436.

A bharrachd air a bhith na shàr-reuladair, bha Johann von Lamont, a rugadh ann an Gàidhealtachd Siorrachd Obar Dheathain, aithnichte mar eòlaiche air iùil-tharraing agus dealan. Chruthaich e uidheamachd a ghabhadh cleachdadh airson neart na h-iùil-tharraing air uachdar na talmhainn a thomhas. Rinn e fhèin obair mhòr ann a bhith a’ tomhas a leithid ann am Babhàiria. Às dèidh sin, fhuair e cùmhnantan bho riaghaltasan grunn dùthchannan Eòrpach eile airson an aon rud a dhèanamh dhaibhsan.

Sgrìobh e mu bhuaidh na gealaich air gluasad snàthad iùil-tharraingeach, agus mhothaich e gun robh neart na h-iùil-tharraing air uachdar na talmhainn a’ gluasad ann an **cuairtean deicheadach**. Bha sin gu math faisg air cuairt spotan na grèine a chaidh a lorg le Heinrich Schwabe. Agus sgrìobh von Lamont tràchdas air a’ cheangal eadar comharraidhean dealain na Talmhainn agus iùil-tharraing na planaid. Bha e gu math ainmeil ann an saoghal saidheans – air feadh an t-saoghail.

Ann an ochd ceud deug, seachdad ’s a trì (1873) chaidh Iarla Crawford, a bha na reuladair neo-dhreuchdail, gu ruige Munich airson bruidhinn ri von Lamont, agus comhairle fhaighinn bhuaithe mu uidheamachd. Thòisich an t-Iarla an còmhradh ann an Gearmailtis agus chuir e iongnadh air nuair a fhreagair am fear eile ann am Beurla, le blas Albannach.

Fhuair von Lamont ballrachd anns a’ Chomann Rìoghail ann an Lunnainn – an t-urram a thomhais e fhèin thar a h-uile fear eile. Airson còrr is leth-cheud bliadhna, bha e a’ fuireach leis fhèin ann am baile beag Bogenhausen faisg air Munich. Chaochail e ann an sin ann an ochd ceud deug, seachdad ’s a naoi (1879). Bha airgead mòr aige sa bhanca. Leis nach do phòs e, agus nach robh clann aige, thug e cha mhòr an t-airgead air fad do dh’Oilthigh Mhunic mar thaic-airgid do dh’oileanaich.

Nuair a nochd iomradh air beatha is bàs von Lamont anns na pàipearan-naidheachd sa Ghearmailt, **mhothaich** Bana-phrionnsa na Gearmailt **dhaibh**. B’ ise nighean Banrigh Bhictoria. Sgrìobh i gu a màthair, ag iarraidh oirre faighinn a-mach an robh càirdean aig von Lamont fhathast beò ann am Bràigh Mhàrr – oir tha Baile Mhoireil gu math faisg air.

Thachair e gun robh fear à Bràigh Mhàrr ag obair don Bhanrigh ann am Windsor. Dh’iarr Bhictoria air an fhear seo rannsachadh a dhèanamh air a’ chùis nuair a rachadh iad a Bhaile Mhoireil. Rinn e sin agus fhuair e a-mach gun robh nighean agus grunn oghaichean aig leth-phiuthar von Lamont fhathast beò. Tha feadhainn a bhuineas don teaghlach sin anns an sgìre chun an latha seo fhèin.

Chaidh von Lamont – a thòisich a bheatha ann an Coire Mhuillidh faisg air Inbhir Èidh mar Iain MacIlleDhuibh no John Lamont – a chomharrachadh ann an dùthaich a bhreith le

carragh-cuimhne. Ach bha sin fada às dèidh a bhàis. Chaidh an carragh a chur suas ann an Inbhir Èidh – dìreach mìle bhon àite san do rugadh e – ann an naoi ceud deug, trithead 's a ceithir (1934).

Ach chan e sin an t-aon àite anns a bheil e air a chuimhneachadh. Tha toll air uachdar na gealaich air a bheil an t-ainm “Lamont”. Tha sin air Muir a’ Chiùineis no *Mare Tranquilitatis* – faisg air far an tàinig Apollo 11 gu tìr air a’ ghealaich – a’ chiad turas riamh a chuir duine cas oirre.

Sin agaibh, ma-thà, cunntas air beatha Johann von Lamont. Ma tha fiosrachadh sònraichte eile aig duine agaibh air a bheatha no air an fheadhainn leis an robh e, bhithinn uabhasach toilichte cluinntinn bhuaibh. Ach an-dràsta, mar sin leibh.

* * * * *

Faclan na Litreach: tràchdas: *treatise, thesis*; neo-dhreuchdail: *amateur*; blas: *accent*; Baile Mhoireil: *Balmoral*; Coire Mhuillidh: *Corriemulzie*; Inbhir Èidh: *Invereye*.

Abairtean na Litreach: a bharrachd air a bhith na shàr-reuladair: *in addition to being a superb astronomer*; a rugadh ann an Gàidhealtachd Siorrachd Obar Dheathain: *who was born in the Aberdeenshire Gàidhealtachd*; chruthaich e uidheamachd: *he created equipment*; a ghabhadh cleachdadh airson neart na h-iùil-tharraing air uachdar na talmhainn a thomhas: *which could be used to measure the strength of magnetism on the Earth’s surface*; ann a bhith a’ tomhas a leithid ann am Babhàiria: *in measuring such in Bavaria*; cùmhnantan bho riaghaltasan grunn dùthchannan Eòrpach: *contracts from several European countries*; airson an aon rud a dhèanamh dhaibhsan: *to do the same thing for them*; buaidh na gealaich air gluasad snàthad iùil-tharraingeach: *the moon’s influence on the movement of a magnetic needle*; spotan na grèine: *sunspots*; eadar comharraidhean dealain na Talmhainn agus iùil-tharraing na planaid: *between the Earth’s electrical characteristics and the planet’s magnetism*; comhairle fhaighinn bhuaithe: *to get advice from him*; an t-urram a thomhais e fhèin thar a h-uile fear eile: *the honour he himself valued above all others*; leis nach do phòs e: *because he didn’t marry*; cha mhòr an t-airgead air fad: *almost all the money*; mar thaic-airgid do dh’oileanaich: *as financial assistance to students*; thachair e gun robh: *it happened that*; nighean agus grunn oghaichean aig leth-phiuthar X: *the daughter and several grandchildren of X’s half-sister*; ann an dùthaich a bhreith le carragh-cuimhne: *in the land of his birth with a memorial stone*; toll air uachdar na gealaich: *a crater on the surface of the moon*; Muir a’ Chiùineis: *The Sea of Tranquility*.

Puing-chànain na Litreach: gun robh neart na h-iùil-tharraing air uachdar na talmhainn a’ gluasad ann an **cuairtean deicheadach**: *that the strength of magnetism on the Earth’s surface was moving in ten-yearly cycles*. Deicheadach is the adjectival form of deichead, a decade. Don’t confuse it with deicheach, the adjectival form of deich, ten. Deicheach means “decimal”. Another way of saying the above would be ann an cuairtean a mhaireadh deich bliadhna.

Gnàthas-cainnt na Litreach: mhothaich Bana-phrionnsa na Gearmailt **dhaibh**: *the [Crown] Princess of Germany noticed them*.

* Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoinachadh le Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig.